



## Colm Cille

Rugadh Colm Cille mu AD 521 ann an Iar-Thuath Dhùn nan Gall.

Tha an t-ainm Colm Cille, no Columba ann an **Laideann**, a' ciallachadh calman.

Tha cliù aige mar an neach a thug an **creideamh Criodail** a dh'Alba.

Mu AD 563, thàinig Colm Cille agus dusan companach a Cheann Tire an Earra-Ghàidheal.

Bha e furasta faighinn a dh'Eilean ì bho thìr-mòr na h-Èireann agus na h-Alba le bàta.

Rinn iad an dachaigh ann an Eilean ì, a bha aig an àm sin na pàirt de Dhalriata, **rioghachd Ulaidh**.



Eilean ì, Alba



Glencolmcille, Dùn nan Gall



Stèidhich e Abaid ì.


Dh'fhàs Abaid ì cudromach  
mar ionad airson creideamh,  
foghlam agus ealain.

Tha Eilean ì na eilean naomh agus tha iomradh  
air mar àite-breith a' chreideimh Chrìosdail ann an Alba.

An dèidh dha seatlaigeadh air an eilean, thòisich Colm Cille  
a' toirt air a' mhòr-chuid den t-sluagh **phàganach** ann an Alba  
agus ann an ceann a tuath Shasainn tionndadh chun  
a' chreideimh Chrìosdail.




Taisealan Mhonymusk  
a tha ann an Taigh-  
tasgaidh Nàiseanta na  
h-Alba.




Abaid ì

A rèir aithris, aig aon àm bha cuid de chnàmhan Cholm Cille no nì  
a' buntainn dha anns an **taisealan**, a tha ann bho mu AD 750.


Tha an obair-cheàirde agus an obair chruthachail aige ri fhaicinn  
ann an **Leabhar a' Cheannanais** agus ann an **Soisgeulan an Eilein Naoimh**.



Soisgeulan an  
Eilein Naoimh.



Leabhar  
a' Cheannanais



Tha cuimhne air Colm Cille mar sgrìobhadair, bàrd agus **sgrìobhaiche**.

Chaochail Colm Cille ann an Eilean ì sa bhliadhna AD 597 agus chaith a thiodhlacadh leis na manach aige san abaid a stèidhich e fhèin.

